

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION

02/12/2014

FO CHASG GU 1200

Ceannard ùr gu bhith aig Bòrd na Gàidhlig

Dh'fhoillsich Bòrd na Gàidhlig an naidheachd an-diugh gum biodh Iain Caimbeul a' tòiseachadh mar an Ceannard ùr aca air 2 Màrt 2015.

Thàinig cothrom air an dreuchd nuair a dh'inns Iain Aonghas MacAoidh don Bhòrd gun robh e an dùil a dhreuchd mar Cheannard a leigeil dheth aig deireadh a' Mhàirt 2015.

Thuirt Iain Caimbeul, a tha na Chathraiche air Bòrd na Gàidhlig an-dràsta, gu bheil e air fios a chur an-diugh (02/12/14) chun a' Mhinisteir airson Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba gu bheil e a' leigeil dheth a dhreuchd mar Chathraiche sa bhad.

'S ann à Uibhist a Deas a tha Mgr Caimbeul agus Gàidhlig aige bho thùs. Tha e an-dràsta na Àrd-Mhanaidsear Pròiseict airson Soillse, pròiseact com-pàirteach eadar oilthighean a tha coimhead air diofar chuspairean rannsachaidh a bhuineas ri oidhirpean gus Gàidhlig a ghleidheadh agus ath-bheothachadh. Tha mòran eòlais aige mar àrd-mhanaidsear agus mar rannsaiche le Ceuman Maighstireach aige ann an Eaconamachd Roinneil, Rianachd Gnothachais agus Leasachadh Dùthchail. Tha e cuideachd a' riochdachadh Bòrd na Gàidhlig air a' Bhòrd Stiùiridh aig MG ALBA.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Thuirtear Iar-Chathraiche Bòrd na Gàidhlig, Ailean Dòmhnallach: “Tha am Bòrd air leth fortanach gu bheil fear aig a bheil uiread eòlais ri Iain Caimbeul gu bhith againn mar Cheannard ùr, duine aig a bheil eòlas domhain air rannsachadh na Gàidhlig agus air a bhith sgrùdadh cùisean gnothachais. Tha grunn sgilean sònraichte aige a nì feum don Bòrd agus a bhios fìor fheumail dhuinn fhad ‘s a tha sinn a’ cumail oirnn le bhith coileanadh amasan a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig agus nuair a thig e gu bhith dealbh Plana ùr ann an 2017. Agus bidh Iain a’ dol an àite Iain Aonghais MhicAoidh, a tha air cur gu mòr ri mar a shoirbhich don Bòrd bho thòisich e ann an 2010. ‘S e an dìleab a bhios e a’ fàgail aig a’ bhuidhinn: gu bheil sgioba stiùiridh làidir againn, gun do bhrosnaich e an luchd-obrach gu bhith ruighinn air ìrean riaghlaidh corporra àrda agus gun do rinneadh adhartas nach beag ann a bhith dealbh agus a’ toirt Plana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig gu buil agus ann a bhith togail dhàimhean is càirdeas ri buidhnean is daoine eile.”

Thuirtear am Ministear airson Ionnsachaidh, Saidheans agus Cànanan na h-Alba, Dr Alasdair Allan: “Bu toil leam meal-a-naidheachd dha-rìribh a chur air Iain Caimbeul agus e gu bhith tòiseachadh mar Cheannard ùr aig Bòrd na Gàidhlig, dreuchd fìor chudromach don Ghàidhlig. Tha eòlas farsaing aig Iain agus tha miann is dealas mairsinneach aige airson a bhith toirt na Gàidhlig air adhart ann an Alba. Tha àite glè chudromach aig Bòrd na Gàidhlig ann a bhith ag àrdachadh an àireamh dhaoine a tha a’ bruidhinn, ag ionnsachadh agus a’ cleachdadh Gàidhlig ann an Alba agus tha mi a’ coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri Iain agus a sgioba agus sinn a’ cumail oirnn a’ dèanamh adhartas a thaobh a bhith brosnachadh luchd-labhairt ùr agus a bhith cruthachadh barrachd chothroman gus an tig cùisean am feabhas.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



“Fhad ’s a tha sinn a’ cur fàilte air Iain, bu toil leam cuideachd taing a thoirt do dh’Iain Aonghas MacAoidh agus moladh a dhèanamh air na rinn e mar Cheannard Bhòrd na Gàidhlig sna ceithir bliadhna a dh’fhalbh. San ùine sin, tha sinn air diofar mòr fhaicinn, chan e a-mhàin gun do sheall cunntas-sluaigh 2011 gu bheil uiread agus tha àireamh an luchd-labhairt a’ crìonadh air tuiteam gu mòr, ach cuideachd chunnaic sinn mar a chaidh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig fo aois 20 an àirde, abair dìleab airson a thoirt don Cheannard ùr. Tha an tuigse, an t-eòlas agus an dìcheall a tha Iain Aonghas air nochdadh air a bhith gu math feumail don Bhòrd agus don Ghàidhlig ann an Alba.

“Faodaidh Iain Aonghas a dhreuchd a leigeil dheth sa Mhàrt agus fios aige gum facas adhartas mòr agus piseach nach beag fhad ’s a bha e air an stiùir. Tha sinn gu mòr na chomain agus tha sinn a’ guidhe gach soirbheachadh dha.”

DEIREADH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacIomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig steven@gaidhlig.org.uk no air 07595763071.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



02/12/2014

EMBARGOED UNTIL 1200

Bòrd na Gàidhlig appoints new Ceannard (CEO)

Bòrd na Gàidhlig, today announced the appointment of Iain Campbell as its new Ceannard (CEO) and he will take up his post on 2 March 2015.

The post has become vacant with the announcement that the present Ceannard, John Angus MacKay is to retire at the end of March 2015.

Iain Campbell, who is currently Cathraiche (Chair) of Bòrd na Gàidhlig, has today (02/12/14) announced he has tendered his resignation in the appointment to The Minister for Learning, Science and Scotland's Languages with immediate effect.

Mr Campbell is a native Gaelic speaker, originally from South Uist. He is currently the Senior Project Manager of Soillse, an inter-University partnership project involved in a range of research areas associated with Gaelic language maintenance and revitalisation. He is an experienced senior manager and researcher with Masters Degrees in Regional Economics, Business Administration and Rural Development. He also represents Bòrd na Gàidhlig on the Board of MG ALBA.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig Vice-chair, Allan MacDonald said: “The Bòrd is very fortunate to secure the services of such a highly experienced individual as Iain Campbell, with wide experience in Gaelic research and business analysis. He brings a number of specific skills to the Bòrd which will be extremely useful at a time when we continue to deliver the aims of the National Gaelic Language Plan, and its renewal in 2017. This appointment also heralds the retirement of John Angus MacKay who has been paramount in the success of the Bòrd since he started in 2010. His lasting legacy to the organisation will be establishing a strong management team, motivating the workforce to achieve high standards of corporate governance and to make significant progress in developing and delivering the National Gaelic Language Plan and in establishing positive external relationships.”

Minister for Learning, Science and Scotland's Languages, Dr Alasdair Allan said: “I would like to offer my warmest congratulations to Iain Campbell on his appointment as Chief Executive Officer of Bòrd na Gàidhlig, a very important role in the Gaelic community. Iain comes to this post with a wide range of experience and a deep and enduring commitment to the promotion of Gaelic in Scotland.

“Bòrd na Gàidhlig has a vital role to play in increasing the numbers speaking, learning and using Gaelic in Scotland and I look forward to working with Iain and his team as we continue to make progress introducing new speakers to the language and creating more opportunities for it to thrive.

“As we welcome and congratulate Iain, I would like to thank and pay tribute to John Angus for leading Bòrd na Gàidhlig for the last four years. During this time a real difference has been made, not only did the 2011 census show that the historic decline in speakers has dramatically reduced, but we have seen the number of under 20's speaking Gaelic increase, which is a wonderful legacy to pass onto his successor. Both the Bòrd and Gaelic in Scotland has benefitted

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



from John Angus' insight, experience and commitment.

“In March John Angus can step down knowing that there has been significant progress and improvement under his leadership. We are, indeed, in his debt and wish him well.”

ENDS

For further information on the contents of this news release please contact Steven Maclver, Corporate and Communications Manager, Bòrd na Gàidhlig by e-mailing steven@gaidhlig.org.uk or phoning 07595763071.